



A' leughadh còmhla ri cloinn

Chan ann san sgoil a-mhàin a dh'ionnsaicheas clann leughadh. Tha leughadh san dachaigh, no air taobh a-muigh sin, cudromach mar phàirt de dh'ionnsachadh na cloinne.

Seo beachd no dhà air ciamar a dh'fhaodas sibh ur cuid chloinne a chuideachadh ann a bhith ag ionnsachadh leughadh.

- Bheir ùine dhaibh nuair a tha iad a' leughadh dhut.
- Bruidhinn air dè dh'fhaodadh tachairt san leabhar mus tòisich sibh a' leughadh. Brosnaich a' chlann gu bhith a' coimhead airson stiùireadh air còmhach agus cùl an leabhair.
- Faighnich ceistean dhaibh fhad 's a tha iad a' leughadh an leabhair. Dè tha tachairt an seo? Carson a tha seo a' tachairt? Dè thachras a-nis?
- Bruidhinn mu na dealbhan a th' anns an leabhar. Coimhead gu mionaideach air dè tha dol air adhart anns na dealbhan.
- Bheir cothrom do chloinn am mearachdan aithneachadh agus an ceartachadh.
- Bruidhinn mun leabhar an dèidh crìoch a chur air. Dèan cinnteach gu bheil a' chlann a' tuigsinn an sgeulachd – tha seo cudromach don leughadair.
- Brosnaich a' chlann gu bhith a' leughadh le faireachdainn, a' gabhail suim do phuingeachadh agus an dòigh anns a bheil an teacs air a chur sìos. Bheir seo air adhart am fileantas ann an leughadh agus bheir e tòrr misneachd dhaibh.
- Tha mòran chloinne aig a bheil leabhar a leughas iad a-rithist agus a-rithist. 'S e rud math a tha seo! Togaidh seo misneachd na cloinne.
- Bheir cothrom dhan chloinn taghadh a dhèanamh air dè an seòrsa leabhraichean is toigh leotha a bhith a' leughadh. Ma ghabhas e dèanamh, bheir dhaibh roghainn fharsainn.
- Brosnaichidh leabhraichean agus stuthan neo-fhicsean clann nach eil cho dèidheil air a bhith a' leughadh gu bhith a' leughadh barrachd.
- Feuch ribhith a' leughadh còmhla ris a' chloinn cho tric 's a ghabhas. Chan e leabhraichean a-mhàin a dh'fheumas a bhith ann – faodar liosta bùthaidh, clàr-bidhe no stiùireadh air choreigin a chleachdadh.
- Cuimhnich gu bheil faclan mun cuairt oirnn fad an t-siubhail. Brosnaich a' chlann gu bhith a' leughadh ainmean, soidhnichean, sanasan agus a leithid.

Uabhasach Cudromach:

Cuimhnich a bhith a' moladh agus a' brosnachadh na cloinne gu tric.

© Harcourt Education Ltd, 2003

Air eadar-theangachadh le Stòrlann